



ALBA | CHRUTHACHAIL

Alba Chruthachail Maoineachadh Ioma- bhliadhna Prògram

Stiùireadh do luchd-tagraidh
Air fhoillseachadh san Iuchar 2023

Clàr-innse

Earrann 1: Foir-shealladh Maoine agus Geàrr-chunntas	3
Sealladh - Geàrr-iomradh mun Mhaoin Carson a tha a' mhaoin ann?	
Earrann 2: Riaghailtean na Maoine agus Prìomh fhiosrachadh	5
Dè na riaghailtean a chleachdar gus tagradh a mheas? Cò a dh'fhaodas tagradh? Cò nach fhaod tagradh? Cia mheud a dh'fhaodas mi iarraidh? Dè cho fhada agus a mhaireas Maoineachadh loma-bhliadhna? Fhuair mi taic roimhe seo tro mhaoin eile, am faod mi tagradh a dhèanamh fhathast?	
Earrann 3: Foir-shealladh Pròiseas Tagraidh agus Clàr-ama	9
Foir-shealladh a' Phròiseas Tagraidh Clàr-ama na Maoine	
Earrann 4: Taic tagradh a dhèanamh	11
Am feum sibh taic ro thagraidh a dhèanamh? Fios a chur air an Sgioba Ceist	
Earrann 5: How to apply	12
Ciamar a nithear tagradh tron foirm iarrtais air-loidhne againn Innse mu Rùn Tagradh a Dhèanamh Tagradh Ceum 1 a dhèanamh Ceum 1 freagairt air na riaghailtean	
Earrann 6: Pròiseas Co-dhùnaidh	19
Pròiseas co-dhùnadh Ceum 1 Adhartas gu Ceum 2 do thagraichean soirbheachail Maoin Eadar-ama do thagraichean neo-shoirbheachail	
Earrann 7: Tagraidhean Ceum 2:	20
dè a-nis agus cò ris a bu chòir sùil a bhith	
Earrann 8: Saorsa Fiosrachaidh	21
Earrann 9: Dìon Dàta	21
Earrann 10: Riaghladh Thabhartasan	22
Earrann 11: Dìon/Urram san Obair	23
Earrann 12: Gearanan	24
Eàrr-ràdh – Ceistean Tagradh Ceum 1	24

Earrann 1: Foir-shealladh Maoine agus Geàrr-chunntas

Sealladh - Geàrr-iomradh mun Mhaoin

Bheir am Prògram Maoineachaidh loma-bhliadhna ionmhas do bhuidhnean cruthachail agus culturach – a’ cur taic ri cosgaisean bunaiteach agus am prògraman obrach san ùine thoisich Giblean 2025 – Màrt 2028.

- Tha a’ mhaoin seo a’ dol an àite prògram ionmhais Maoineachadh Cunbhalach Do bhuidhnean (RFO).
- Thèid e cuideachd an àite eileamaidean de thaic chunbhalach a gheibhear tro ghrunn shlighean eile leithid Maoinean Fosgailte agus Maoinean Cuimsichte aig ìrean de £50k sa bhliadhna no barrachd.
- Bheir e còmhla taic airson maoineachadh fad-ùine, a ruitheas bliadhna gu bliadhna do bhuidhnean ann an aon phrògram.
- Tha a’ mhaoin fosgailte do bhuidhnean agus companaidhean neo-phrothaid a tha stèidhichte an Alba. Airson mineachadh a thaobh dè na buidhnean a dh’fhaodas/nach fhaod tagradh, faicibh taobhan-**duilleig 7-8**.
- Faodaidh tagraidhean cur a dh’iarraidh £50,000 gach bliadhna bhon mhaoin. Chan eil cuingealachadh air cho àrd a bhios an t-suim a dh’fhaodas tagraiche iarraidh.
- Nithear tagraidhean tro phròiseas dà cheum agus nithear gach tagradh air an làrach air-loidhne againn.
- Measar gach tagraiche a rèir nan sia Riaghailtean Maoineachaidh foillsichte againn (**faicibh taobh-duilleig 5**)
- **Feumaidh** gach tagraiche an ùidh a chlàradh air foirm simplidh le bogsaichean comharrachadh Rùin Tagradh a Dhèanamh a bhios fosgailte bho 2f 26 Iuchar 2023 gu 2f 10 Lùnastal 2023. Tha an Rùn Tagradh a Dhèanamh seo **riatanach** do na tagraichean gu lèir.
- Gabhaidh sinn ri tagraidhean Ceum 1 an uair sin eadar 6 Sultain agus 25 Dàmhair 2023. Don fheadhainn sin a shoirbhich aig Ceum 1, fosglaidh pròiseas tagraidh Ceum 2 tràth ann an 2024. Airson làn chlàr-ama gach ceum **faicibh taobh-duilleig 12**.
- Bheir Ceum 2 air tagaichean Plana Gniomhachais a chur thugainn. Foillsichear stiùireadh a bharrachd airson Ceum 2 tràth ann an 2024.
- Gheibh na tagraichean a shoirbhicheas aig Ceum 2 ionmhas a thòisicheas bho 1 Giblean 2025.
- Is dòcha gum bi tagraichean neo-shoirbheachail freagarrach airson taic Eadar-ama no a chur a dh’ionnsaidh taic eile mar a bhios iomchaidh.
- Bidh farpais ann aig an dà chuid Ceum 1 agus Ceum 2, agus geallaidh sinn dèanamh cinnteach gum bi am pròiseas cho cothromach agus cho soilleir agus a ghabhas le stiùireadh soilleir fhoillseachadh a thaobh measaidh agus mar a nithear co-dhùnaidhean deireannach. Mar sin, tha e fìor chudromach gun leugh agus gun tuig gach tagraiche am fiosrachadh san stiùireadh seo.

Carson a tha a' mhaoin ann?

Rinneadh am **Prògram Maoineachaidh Ioma-bhliadhna** gus taic a chur ri buidhnean a dh'iarraas ionmhas airson prògraman seasmhach de dh'obair chuthachail no chultarach.

Rinneadh am Prògram Maoineachaidh Ioma-bhliadhna do bhuidhnean a dh'iarraas a dhol an sàs ann an dàimh ionmhais ro-innleachdail sheasmhach le Alba Chruthachail, a' gabhail a-steach Sgrìn Alba¹.

Tha sinn a' sùileachadh gum bi farpais mhòr ann airson na maoin seo agus i ag amas air taic a chur ri iomadh seòrsa gnìomh. Gus an dèanar co-dhùnidhean fiosraichte a thaobh dè na dèanadais ris an toir sinn taic, feumaidh tagraidhean fios mionaideach a chumail ruinn gus am faigh sinn air na co-dhùnidhean as fheàrr a dhèanamh a rèir nan riaghailtean foillsichte againn.

A bharrachd air a' Phrògram Maoineachaidh Ioma-bhliadhna, leanaidh an cothrom cur a-steach airson maoineachaidh bhliadhnail airson ùine às dèidh don phrògram ioma-bhliadhna a thoirt a-steach.

Tha farsaingeachd sruthan maoin eile aig Sgrìn Alba a chuireas taic ri pròiseactan sgrìn agus chithear iad air **làrach-lìn Sgrìn Alba**.

Gus barrachd ionnsachadh mun cho-theacsa sam bheil a' mhaoin seo ga cur air dòigh agus cothroman maoineachaidh eile a dh'fhaodas a bhith ann san ùine air thoiseach, cumaibh sùil air làrach-lìn Alba Chruthachail a bhios ga ùrachadh gu cunbhalach.

¹ Bu chòir gach iomradh mu Alba Chruthachail bho seo a-mach a bhith ga thuigse mar 'Alba Chruthachail agus Sgrìn Alba'

Earrann 2: Riaghailtean na Maoine agus Prìomh fhiosrachadh

Dè na riaghailtean a chleachdar gus tagradh a mheas?

Tha riaghailtean a' Phrògram Maoineachadh Ioma-bhliadhna stèidhichte air Frèam Ro-innleachdail Alba Chruthachail a chaidh fhoillseachadh an toiseach ann an 2021. Cleachdar na riaghailtean sin mar bhun-stèidh sruthan maoin Alba Chruthachail gu lèir. Tha sinn ag iarraidh air tagraidhean feart a thoirt air sia riaghailtean, is iad:

- **Sàr-mhathas agus Miann adhartais:** taic do dhaoine agus buidhnean a tha ag obair ann an ealain agus cruthachalachd gus obair a dhèanamh de dh'ìnbhe agus miann adhartais a chuireas ri beatha ann an Alba do na h-uile.
- **Conaltradh:** gum faicear tuilleadh dhaoine bho air feadh ar coimhearsnachdan a' dol an lùib agus a' cur luach ann am farsaingeachd gnothaichean ealain cruthachail.
- **Co-ionannachdan, Iomadachd agus Ion-ghabhalachd (EDI):** a' toirt taic do bharrachd iomadachd de dhaoine, coimhearsnachdan agus gnìomhachd cruthachail, agus ag adhartachadh co-ionannachd chothroman airson cruthachadh, com-pàirteachadh agus dol an sàs.
- **Seasmhachd Àrainneachd:** a' cuideachadh leis an t-strì ri èiginn na gnàth-shìde air feadh Alba.
- **Obair Choithromach:** a' pàigheadh, cumhaichean agus cothroman cosnaidh coithromach air feadh na roinne cruthachail.
- **Eadar-nàiseanta (a rèir roghainn a-mhàin do thagraidhean a bhuineas do ghnìomhachd eadar-nàiseanta):** a' dealbhachadh dòighean ùr-ghnàthach agus seasmhach gus co-obrachadh eadar-nàiseanta a neartachadh agus iomlaid ealain agus cultarach adhartachadh.

Aig an dà chuid Ceum 1 agus Ceum 2, measaidh sinn cuideachd cunnartan **stiùiridh** agus **ionmhais** an cois ur tagraidh, a rèir an fhiosrachaidh a bheirear seachad nur tagradh agus nur buidseit prògraim. Measaidh sin cor ionmhais ur buidhne agus is dòcha gun iarr sinn fiosrachadh a bharrachd.

Airson tuilleadh fiosrachadh mu na riaghailtean sin, carson a tha iad cho cudromach agus a thaobh nam buil dan cur iad, thigibh do **làrach-lìn Alba Chruthachail**.

Cò a dh'fhaodas tagradh?

Is e am phrìomhachas don mhaoin seo taic a thoirt do bhuidhnean neo-phrothaideach **stèidhichte ann an Alba** a tha a' coimhead ri prògram de ghnìomhachd chruthachail is chultarail a thoirt seachad a bheir buannachd phoblach a fhreagras gu math ri Slatan-tomhais Maoineachaidh Alba Chruthachail. Airson mìneachadh agus liosta nas fharsaing de na seòrsaichean freagarrach faicibh gu ìosal.

Feumaidh cunntas banca RA fo ainm na buidhne tagraidh fhèin a bhith aig gach buidheann a nì tagradh.

Feumaidh buidhnean gu lèir a nì tagradh airson maoin bho Alba Chruthachail co-dhiù am fìor Thuarastal Bith-beò a thoirt do luchd-obrach air am fastadh gu dìreach agus dearbhadh gu bheil Guth Eifeachdail do luchd-obrach an sàs nam buidhinn.

Faodaidh buidhnean a tha air an stèidheachadh ann an aon de na dòighean a leanas aig an ìre aig a bheil iad a' clàradh an Rùn Tagraidh, tagradh a dhèanamh:

Buidhnean Carthannais Clàraichte:

Buidhnean carthannais clàraichte ann an Alba agus ri obair ceangailte ri na h-ealain, cruthachadh agus cultar.

Companaidhean Earranta le Barantas no Earrainnean

Feumaidh sibh sealltainn gun cur ur prògram obair ri math an t-sluaigh agus nach bi e a-mhàin airson buannachd prìobhaideach neo coimearsalta. Bidh dùil againn ri glas maoin² soilleir agus stèidhichte a bhith an sàs.

Companaidhean Buannachd Coimhearsnachd

Feumaidh CICs a bhith clàraichte aig Companies House agus feumaidh glas maoin a bhith anns an sgrìobhainn riaghlaidh agaibh.

Co-bhanntachdan

Feumaidh tè de na buidhnean a bhith os cionn gnothaichean agus uallach a ghabhail airson an tagradh a stiùireadh agus maoineachadh sam bith a gheibhear. Aon uair is gun toir sinn maoin seachad, chan fhaod sibh a' phrìomh bhuidheann dan tugadh airgead atharrachadh gun chead sgrìobhte bho Alba Chruthachail fhaighinn ro làimh. Feumaidh gach co-bhanntachd a shoirbhicheas nan tagradh ionmhais aonta com-pàirteachas ceangailte fon lagh a bhith aca. Chan fhaod buidheann a nì tagradh às leth co-bhanntachd tagradh a dhèanamh às a leth fhèin.

2 Is e glas maoin earran de ur sgrìobhainnean bonntachaidh a chuireas stad air maoin companaidh a bhith ga chleachdadh airson buannachd prìobhaideach an àite ceann-uidhe foillsichte na buidhne.

Urrasan Culturail is Cur-seachad/Ùghdarrasan Ionadail/Oilthighean etc.

Far nach e buidheann laghail neo-eisimeileach a tha ann am uidheann thagraidh, bidh sinn a' sùileachadh làn fhollaiseachd mu na rèiteachaidhean riaghlaidh agus ionmhais còmhla ri buidheann phàrant sam bith (m.e. ùghdarras ionadail, buidheann leth-eisimeileach (ALEO), Oilthigh). Iarraidh sinn a bhith cinnteach gum freagradh a' bhuidheann phàrant air na riaghailtean freagarrachd gu lèir, agus gur e bhios ann an taic sam bith a dh'iarrair bho Alba Chruthachail taic airson obrach a bharrachd air uallaichean agus dleastanasan na buidhne pàrant. Bidh sinn cuideachd airson dèanamh cinnteach gum buin freagairtean nan riaghailt air fad don bhuidhinn thagraiche agus gu bheil a' bhuidheann phàrant dealasach a thaobh taic a chumail ris a' bhuidhinn thagraiche airson co-dhiù ùine gealltanais maoineachaidh Alba Chruthachail aig ìre a dh'innsear anns a' phlana gnìomhachais a chuireadh a-steach. Chan eil cuingealachadh air cho àrd no cho ìosal a bhios an t-suim a dh'fhaodas tagraiche iarraidh. Tha dùil againn farsaingeachd thabhartasan a thoirt seachad agus sinn a' sùileachadh glè bheag de dhuaisean mòra à sin.

Cò nach fhaod iarrrtas a chur a-steach?

Thoiribh fa-near nach eil an liosta a leanas ioma-chuimseach agus ma bhios ceistean sam bith oirbh mu fhreagarrachd ur buidhne tagradh a dhèanamh don mhaoin seo cuiribh fios aig Sgioba nan Ceist againn mus tòisich sibh air ur tagradh:

- **Companaidhean a sgaoileas prothaidean, leithid companaidhean gun ghlas so-mhaoin soilleir.** Chan urrainn dhuinn taic a thoirt do bhuidhnean a phàigheas prothaidean do bhuill no luchd-earrann no a nì tagradh airson maoin eachadh airson gnìomhachd a tha ag amas air prothaid a dhèanamh a sgaoilear gu buill no luchd-earrann. Feumaidh glas maoin sam bith a bhith an sàs (a rèir clàran Companies House) aig an àm sa chlàrar Rùn Tagraidh agus feumar an leithid fantainn an sàs rè ùine maoin eachaidh sam bith.
- **Buidhnean a dh'iarrair maoin airson gnìomh nach eil ceangailte ri dleastanas Alba Chruthachail agus nach buin ri obair cultarach, cruthachail no ealain.**
- **Buidhnean gun seòladh gnìomhachais ann an Alba** – a bharrachd air suidhichean sònraichte far an toir sibh buannachd nochdte soilleir do mhuinntir na h-Alba (leithid buidheann le raon-obrach air feadh na RA le oifis a dh'aon ghnòthaich do dh'Alba, ach le a' phrìomh sheòladh clàraichte taobh muigh Alba)
- **Buidhnean ann an làmhan luchd-trusaidh nam fiach.**
- **Buidhnean, comainn no còmhlain neo-stèidhichte de luchd-ealain**
- **Daoine fa leth agus Luchd-malairt Aonair.** Tha am Prògram Maoin eachadh loma-bhliadhna fosgailte a-mhàin do bhuidhnean stèidhichte. Cha gabh sinn ri tagraidhean bho dhaoine fa leth no bhuidhnean neo-stèidhichte.
- **Na buidhnean cultarach nàiseanta, Companaidhean Ealain Thaisbeanail agus companaidhean agus buidhnean eile a gheibh earrainn mhòr den taic bho Riaghaltas na h-Alba.**
- **Companaidhean riochdachaidh Film agus Telebhisean**

Cia mheud a dh'fhaodas mi iarraidh?

Chan eil crìoch uachdrach air tagraidhean, ach cha toirear nas lugha na £50,000 ann an duais gach bliadhna.

Dè cho fada agus a chumas am Prògram Maoineachaidh Ioma-bhliadhna taic rinn?

Tha na tagraichean gu lèir a tha a' tagradh don Phrògram Maoineachaidh Ioma-bhliadhna a' sireadh taic rè nan 3 bliadhna bho 1 Giblean 2025 gu 31 Màrt 2028. Bidh tabhartas maoineachaidh gu lèir an urra ri aithris bhliadhnail riarachail agus an ìre de rèiteachadh buidseit a gheibh sinn bho Riaghaltas na h-Alba.

Fhuair mi ionmhas mar-thà tro sheanailean eile, am faod mi fhathast tagradh?

Mar a dh'ainmichear na bu thràithe, fhuair buidhnean taic airson prògraman obrach ath-dhèante agus cunbhalach tro fharsaingeachd ionmhas a bharrachd air a phrògram Maoineachadh cunbhalach làithreach. Bidh am Prògram Maoineachaidh Ioma-bhliadhna ùr ag amas air a' mhaoineachadh ioma-bhliadhna seo a chur còmhla mar aon phrògram.

Maoin fhosgailte: Leasachadh Cruthachail Seasmhach / Maoin Fhosgailte a' Chrannchuir Nàiseanta Airson Buidhnean / Maoin Phrògraim Leudaichte a' Chrannchuir Nàiseanta

Feumaidh buidhnean a fhuair maoineachadh roimhe seo airson prògraman obrach ath-dhèante agus cunbhalach tro na seanailean sin agus a tha a' sireadh £50,000 no barrachd sa bhliadhna, tagradh a dhèanamh don Phrògram Maoineachaidh Ioma-bhliadhnail ma tha iad airson cumail orra a' faighinn maoineachadh leantainneach bliadhnail dom prògraman obrach.

A' Mhaoin Turais airson Dealbhan-cluiche agus Dannsa

Faodaidh feadhainn a fhuair taic roimhe seo bhon Mhaoin Turais airson Dealbhan-cluiche agus Dannsa tagradh, agus ma thagras iad bu chòir dhaibh na cosgaisean siubhail gu lèir a chur dhan tagradh Maoineachaidh Ioma-bhliadhna. Ma shoirbhicheas leotha chan fhaigh iad cothrom air a chòrr a dhuaisean às a' Mhaoin Turais. San àm seo, tha sinn a' sùileachadh gun lean a' Mhaoin Turais ri a h-obair còmhla ris a' Phrògram Maoineachaidh Ioma-bhliadhna.

Buidhnean Sgrìn

Faodaidh buidhnean a tha ag obair ann an leasachadh sluaghan-amhairc, foghlam sgrìn, no leasachadh sgilean agus comasan, agus a tha ag iarraidh a dhol an sàs ann an dàimh maoineachaidh ro-innleachdail seasmhach còmhla ri Sgrìn Alba, tagradh a dhèanamh ris a' mhaoin seo. Feumaidh na buidhnean sin sealltainn gum freagair iad air riaghailtean na maoine seo. Measaidh luchd-obrach Sgrìn Alba sa bhuidhinn measaidh na tagraidhean sin agus cumar coinneamh sgrùdaidh Sgrìn a dh'aon-ghnothaich. Faodaidh buidhnean a bhios ri obair sgrìn ann an co-theacsa buidhne de dh'iomadh seòrsa ealain tagradh cuideachd agus cuiridh luchd-obrach Sgrìn Alba ri measadh nam buidheann sin. Chan fhaigh companaidhean riochdachaidh film agus telebhisean taic tron mhaoin seo.

Iomairt Ciùil Òigridh (YMI)

Faodaidh buidhnean freagarrach a gheibh ionmhas bhon Iomairt Ciùil Òigridh tagradh a dhèanamh ris a' Phrògram Maoineachaidh Ioma-bhliadhna.

Earrann 3: Am Pròiseas Tagraidh Foir-shealladh agus Clàr-ama

Ciamar a dh'obraicheas am pròiseas iarrtais

Dèiligear ri na tagraidhean tro phròiseas dà cheum a leanas a' chiad ìre 'Rùn Tagradh a Dhèanamh' a dh'fheumas gach tagraiche a choileanadh.

ÌRE RÙN TAGRADH A DHÈANAMH

Ma tha sibh airson tagradh airson Maoineachaidh loma-bhliadhna, feumadh sibh clàradh san làrach air-loidhne againn agus brath simplidh a choileanadh a dh'innseas dhuinn gu bheil sibh a' cur roimhibh tagradh a dhèanamh, còmhla ri tuairmse dè na bhios sibh ag iarraidh de dh'airgead.

Tha seo riataich do gach tagraiche

Chan e pàirt den pròiseas tagraidh a bhios an seo ach leigidh e leinn planadh gu h-èifeachdach mu choinneamh na bhithte a' sùileachadh de thagraichean.

Fosglaidh Rùn Tagradh a Dhèanamh air an làrach tagraidh air-loidhne aig 2f air 26 Iuchar 2023 agus dùnaidh e aig 2f air 10 Lùnastal 2023.

CUDROMACH: chan fhaod buidheann sam bith nach do chuir a-steach Rùn Tagradh a Dhèanamh aig an àm seo a dhol air adhart agus làn thagraidh a dhèanamh.

PRÒISEAS TAGRAIDH CEUM 1

Bidh am pròiseas iarrtais ann an dà cheum, leis an dà cheum stèidhichte air tagraichean ag innse dhuinn ciamar a bheir buannachd don t-sluagh tron obair le feart a thoirt air na riaghailtean maoineachaidh.

Fosglaidh an làrach tagraidh air-loidhne do thagraidhean Ceum 1 aig 2f air 6 Sultain 2023 agus dùnaidh e aig 2f air 25 Dàmhair 2023.

Airson Ceum 1 iarraidh sinn oirbh innse mar a fhreagras ur planaichean air riaghailtean na maoine.

PRÒISEAS TAGRAIDH CEUM 2

Ma thèid leibh aig Ceum 1, iarraidh sinn oirbh tagradh Ceum 2 a dhèanamh tràth ann an 2024, agus gheibh sibh stiùireadh a bharrachd. Ann an Ceum 2 beachdaichidh sinn ann am barrachd doimhneachd ciamar a bheir sibh na geallaidhean a thug sibh seachad ann an Ceum 1 gu buil tro pròiseas a bhios gu ìre mhòr stèidhichte air sgrùdadh ur Plana Gnìomhachais.

Bidh farpais ann aig an dà chuid Ceum 1 agus Ceum 2, agus geallaidh sinn dèanamh cinnteach gum bi am pròiseas cho cothromach agus cho soilleir agus a ghabhas le stiùireadh soilleir fhoillseachadh a thaobh measaidh agus mar a nithear co-dhùnaidhean deireannach. Mar sin, tha e fìor chudromach gun leugh agus gun tuig gach tagraiche am fiosrachadh san stiùireadh seo.

Clàr-ama a' Phrògram Maoineachaidh Ioma-bhliadhna

Foillseachadh Làn Stiùireadh Ceum 1 agus an làrach fosgailte do thagraichean gus an lion iad an Rùn Tagradh a Dhèanamh	2f, Diciadain 26 Iuchar 2023
CEANN-LÀ: Gus an ainmich tagraichean an Rùn Tagradh a Dhèanamh	2f, Diardaoin 10 Lùnastal 2023
Làrach a' Fosgladh airson tagraidhean Ceum 1	2f, Diciadain 6 Sultain 2023
CEANN-LÀ: Làrach a' Dùnadh airson tagraidhean Ceum 1	2f, Diciadain 25 Dàmh 2023
Ùrachadh Stiùireadh Ceum 2 ga fhoillseachadh	Diciadain 17 Faoilleach 2024
Gheibh tagraichean fios mu cho-dhùnaidhean Ceum 1	Ro dheireadh Gear 2024
Làrach a' Fosgladh airson tagraidhean Ceum 2	2f, Diciadain 6 Màrt 2024
CEANN-LÀ: Làrach a' Dùnadh airson tagraidhean Ceum 2	2f Diciadain 24 Gearran 2024.
Gheibh tagraichean fios mu cho-dhùnaidhean Ceum 2	Ro dheireadh Dàmh 2024
Maoineachadh Ioma-bhliadhna a' tòiseachadh	Dimàirt 1 Giblean 2025

Earrann 4: Taic tagradh a dhèanamh

Am feum sibh cuideachadh no taic ruigsinneachd mus dèan sibh tagradh?

Tha Alba Chruthachail airson a bhith cinnteach gu bheil ar pròiseasan tagraidh soilleir agus ruigsinneach do na h-uile. Tha diofar dhòigh againn taic a chumail ribh gus ur tagradh a dhèanamh:

- Faodaidh sinn stiùireadh a thabhann do thagraichean ciamar a nithear tagradh
- Gheibhear taic ruigsinneachd do thagraichean bodhair agus feadhainn ciorramach, a rèir iarrtais gach neach fa leth. An lùib ar taic, gheibhear Eadar-theangairean Cànain Soidhnidh beò agus taic sgrìobhaidh do thagraichean le dyslexia.
- Gheibhear fiosrachadh ann an cruthan eile (nam measg clò mòr, Braille, Easy Read, clàr fuaim agus cànain eile leithid Gàidhlig agus BSL)
- Gabhaidh sinn ri iarrtasan agus stuthan-taice a tha air an sgrìobhadh ann am Beurla, Gàidhlig no Albais.
- Bidh sinn a' tabhann cuairtean iùil bhidio de ar bileagan tagraidh air-loidhne
- Gheibhear taic phearsanta do dhaoine aig a bheil feuman ruigsinneachd.

Ma tha taic no tuilleadh fiosrachaidh a dhith oirbh, no ma tha ceistean coitcheann agaibh mun mhaoin agus ciamar a chuirear iarrtas a-steach, leigibh fios don t-Seirbheis Fiosrachaidh againn a bheir dhuibh comhairle no a nì ceangal eadar sibh fhèin is neach de na h-oifigich againn.

Fios a chur dhan Sgioba Ceist againn

Ma tha cuideachadh a dhith oirbh, agus sibh airson dèanamh soilleir a bheil sibh no ur pròiseict freagarrach, no ma thathas airson bruidhinn mu ceistean eile mun mhaoin seo, cuiribh fios gun t-Seirbheis Cheist againn.

Post-d: enquiries@creativescotland.com

Lìon: Lìonaibh foirm [air an làrach-lìn againn](#)

Tha sinn ag amas air freagairt sgiobalta a thoirt do gach ceist, agus co-dhiù am broinn 10 là obrach. Ma bhios ur ceist èiginneach, innsibh dhuinn agus thig sinn air ais thugaibh cho luath is a ghabhas. Ma tha sibh ag iarraidh bruidhinn ri cuideigin, thoiribh dhuinn ur n-àireamh agus cuiridh sinn àm air dòigh airson ball de sgioba fònadh air ais thugaibh.

Earrann 5: Mar a nithear tagradh

Ciamar a nithear tagradh tron foirm iarrtais air-loidhne againn

Gus ur Rùn Tagradh a Dhèanamh a chur thugainn agus tòiseachadh air pròiseas ur tagradh a dhèanamh don Phrògram Maoineachadh loma-bhliadhna, feumar làrach tagraidh air-loidhne Alba Cruthachail a chleachdadh. Gheibhear seo aig làrach-lìn Alba Chruthachail an seo: <https://my.creativescotland.com/login>

An do rinn sibh tagradh leis ar làrach air-loidhne agus sibh clàraichte againn mar-thà?

Faodar a-rèist dìreach ceangal ris an làrach, bruthaibh air ‘Ionmhas’ agus ‘Maoineachadh loma-bhliadhna’ a thaghadh às an taghadh de phrògraman maoineachaidh a tha fosgailte an-dràsta ri tagraidhean.

Mura rinn feumaidh sibh cunntas a dhèanamh don bhuidhinn agaibh.

Gus seo a dhèanamh thigibh gu: <https://my.creativescotland.com/signup> agus leanaidh am pròiseas clàraidh simplidh. Gheibh sibh post-d dearbhaidh gus an cunntas a dhearbhadh, agus faodar an uair sin ceangal agus leantainn oirbh mar a dh’innsear gu h-àrd.

Faodar obrachadh air dreachd de ur tagradh air-loidhne, sabhalaibh e fhad is a thathas a’ dol air adhart agus tillibh thuige uair sam bith mus cuirear a-steach e.

Taic a dhith agus sibh a’ lionadh am foirm iarrtais air-loidhne?

Ma tha cuideachadh a dhith oirbh gus an tagradh air-loidhne a choileanadh air sgàth ciorram no feum ruigsinneachd, faodar bruthadh air putan cuideachaidh ‘Cuideachadh Ruigsinneachd’ san làrach air-loidhne. Ma bhruthar seo thig fios gun sgioba taic againn mu na feumalachdan agaibh is chan fhada gus an cur neach-fastaidh fios thugaibh. San t-suidheachadh seo, fuirichibh gus an cur sinn fios thugaibh. Nì sinn seo gu sgiobalta agus nì seo cinnteach gum measar ur tagradh agus nach bi bacadh romhaibh.

Innse mu Rùn Tagradh a Dhèanamh

Tha seo riataich do gach tagraiche agus FEUMAIDH gach tagraiche seo a dhèanamh. Fosglaidh an làrach airson Rùn Tagradh a Dhèanamh aig **2f, 26 Iuchar 2023**.

Gus seo a dhèanamh, feumar ceangal ris an làrach air-loidhne agus an roghainn airson Maoineachadh Ioma-bhliadhna – Rùn Tagradh a Dhèanamh – a thaghadh.

Ma chuir ur buidheann tagradh thugainn roimhe seo, gheibh sibh an roghainn a' bhuidheann seo a thaghadh dhan tagradh seo.

Mura rinn sibh tagradh thugainn roimhe seo – no ma thathas ag iarraidh buidheann ùr a chur ris a' chunntas agaibh, iarrar oirbh fiosrachadh buidhne ùire a chur a-steach. Mar phàirt den phròiseas seo, iarrar oirbh sgrìobhainn(ean) bonntachaidh ur companaidh a chuir thugainn.

An uair sin, gus dearbhadh gu bheil rùn agaibh tagradh a dhèanamh, chan iarr sinn oirbh ach dìreach innse dhuinn:

- An seòrsa ealain no raoin cruthachaidh sa bheil sibh ag obair (cuiribh comharra sa bhogsa)
- Iomradh air dè cho mòr agus a bhios ur tagradh (gach bliadhna); agus
- Gu bheil dùil agaibh tagradh a dhèanamh ris a' mhaoin (cuiribh comharra sa bhogsa)

Feumar seo a dhèanamh ron cheann là: **2f, 10 Lùnastal 2023**.

Thoiribh fa-near gun cleachdar am fiosrachadh seo gus planadh gu h-èifeachdach mu choinneamh na bhithte a' sùileachadh de thagraichean. 'S e a bhios anns na h-àireamh a bheir tagraichean seachad aig an ìre ach tuairmse agus faodaidh tagraichean na h-àireamhan sin atharrachadh nuair a nì iad an làn thagradh Ceum 1.

Aon uair 's gun cuir sibh a-steach ur Rùn Tagradh a Dhèanamh, gheibh sibh àireamh iomraidh (a' tòiseachadh CS-MYFP-XXXXX-XXXX) agus cuirear post-d thugaibh gus dearbhadh gun d'fhuair sinn ur Rùn Tagradh a Dhèanamh. Mura faigh sibh am post-d no an àireamh iomraidh seo, thoiribh sùil air na pasganan sgudail/spam agaibh. Mura bi fhathast naidheachd ann, cuiribh fios air an Sgioba Ceist againn a bheir sùil an d'fhuair sinn ur tagradh.

Dè an ath rud a thachras?

Aon uair is gun sibh fios thugainn mu ur Rùn Tagradh a Dhèanamh faodaidh sibh ceangal ris an làrach air-loidhne againn bho 6 Sultain 2023 agus tòiseachadh air foirm tagraidh Ceum 1 a lìonadh.

CUDROMACH: Mura cur sibh a-steach ur Rùn Tagradh a Dhèanamh ron cheann-là: 2f 10 Lùnastal, chan fhaigh sibh air cumail a' dol le ur tagradh airson Maoineachadh Ioma-bhliadhna.

Tagradh Ceum 1 a dhèanamh

Nuair a dh'fhosglas an làrach air-loidhne airson Ceum 1 cuiridh sinn fios air na h-uile a chuir Rùn Tagradh a Dhèanamh a-steach gus innse dhaibh. Tachraidh seo air 6 Sultain 2023. Faodaidh tagraichean ceangal ris an làrach an uair sin agus tòiseachadh air an tagradh Ceum 1 aca.

'S e a leanas an seo cuairt tron fhiosrachadh a dh'fheumas sibh a thoirt seachad mar phàirt den phròiseas tagraidh seo.

Gus liosta slàn de na ceistean tagraidh a chìthear dha-rìreabh agus na crìochan facail do gach ceist fhaicinn, faicibh Èarr-ràdh nan Ceistean Tagraidh air Taobh-duilleig 27.

Làrach gnìomhachd:

An toiseach, iarrar oirbh innse càite an gabh ur n-obair àite. Ma bhios ur buidheann ag obair ann an àite sònraichte no ann an diofar àitichean, faodar iad sin a thaghadh. Ma thathas ag obair air feadh Alba, faodar 'Alba gu Lèir' a thaghadh. Faodaidh tagraichean le obair a ghabhas àite taobh a-muigh Alba sin innse ann an seo agus faodaidh iad tuilleadh fiosrachaidh a thoirt seachad mar fhreagairt do na ceistean tagraidh.

Foirm-ealain agus Comasan Sònraichte

Iarraidh sinn oirbh roghainn à liosta a dhèanamh de dè na seòrsaichean ealain no ceàrdan a riochdaichear nur prògram. Faodar aon no barrachd seòrsa ealain no ceàrd a thaghadh.

A' Freagairt air na Riaghailtean

Iarraidh sinn oirbh an uair sin fiosrachadh a thoirt dhuinn a chuidicheas leinn tuigse ciamar a fhreagras sibh air riaghailtean a' Phrògram Maoineachadh Ioma-bhliadhna gu lèir. Tha am pròiseas tagraidh air-loidhne a' gabhail a-steach sreath de cheistean ann an earrainnean eadar-dhealaichte, le gach earrainn a' cuimseachadh air riaghailt maoine eadar-dhealaichte. Bidh crìoch air na ghabhas a chleachdadh de litrichean airson gach freagairt, a bharrachd air iomradh àireamh air na dh'fhaodar a chleachdadh de litrichean anns gach earrainn. Mholadh sinn dhuibh smaoineachadh mu na riaghailtean, agus ciamar a sheallas am fiosrachadh a bheir sibh dhuinn gum freagair ur prògram air gach fear dhiubh.

Càileachd agus Miann Adhartais

Faodar barrachd a leughadh mu ar riaghailt Càileachd agus Miann Adhartais **air an làrach-lìn againn**.

San earrainn seo cuiridh sinn ceistean oirbh mu ur buidhinn, a h-obair làithreach agus a prògram obrach san àm ri teachd. Tha sinn airson ionnsachadh ciamar a fhreagras seo air ur n-amasan agus ar riaghailt mu Càileachd agus Miann Adhartais. Tha sinn a' lorg fiosrachaidh san earrainn seo mu dè a bhios sibh ris, carson a tha sibh ag iarraidh a dhèanamh, agus ciamar a dh'obraicheas sibh gus am bithear cinnteach gun gabh an dèanadas àite aig sàr ìre don fheadhainn a bhios na lùib.

Innsibh dhuinn mu dheidhinn ciamar a thaghas sibh susbaint ur prògraim. Iarraidh sinn oirbh tuairmse de phlana phrògraim a luchdachadh suas agus 's e cothrom dhuibh a tha seo innse mu na sreathan eadar-dhealaichte de ghniomhachd a nì ur prògram. Aithnichidh sinn gum bi tuilleadh sreathan aig cuid de bhuidhnean eile seach càch, ach bheir seo an cothrom dhuibh gun an ainmeachadh sa cheist iomraidh, ach innse dhuinn mun dol-a-mach agaibh san fharsaingeachd. Cha bhithte a' sùileachadh làn aithris mhionaideach an seo den prògram a chuireas sibh romhaibh a dhèanamh, ach dìreach tuairmse mu chruth agus structar ur prògram agus na seòrsaichean obair a dh'fhaodas a bhith agaibh.

Conaltradh

Faodar barrachd a leughadh mu ar riaghailt Conaltraidh **air an làrach-lìn againn.**

San earrainn seo, faighnichidh sinn mu dheidhinn cò tha sibh airson ruighinn le ur prògram dèanadais agus carson a dh'fhreagradh e orra. Ma tha sibh a' cur romhaibh obair còmhla ri buidhnean no coimhearsnachdan sònraichte de dhaoine, tha sinne airson tuigsinn cò iad agus ciamar a dh'ullaich sibh ur dèanadas agus sibh a' toirt feart air an cuid feumalachdan. Mar eisimpleir, ma tha dùil agaibh obrachadh còmhla ri cloinne, òigridh no inbhich so-leònta, bidh sinne airson ionnsachadh ciamar a chuir sibh dìon an sàs.

Tha sinn airson tuigsinn ciamar a bheir ur n-amasan a thaobh conaltradh ri daoine buaidh air an dòigh dealbhachaidh a chleachd sibh nur prògram. Is dòcha gu bheil sibh a' beachdachadh air rudan a chumail ann an àitichean sònraichte no fad no bitheantas ur gnìomhachd atharrachadh gus am freagar e nas fheàrr air an fheadhainn a thathas airson ruighinn. Tha sinn airson ionnsachadh ciamar a bheachdaicheas sibh air luach ur n-obrach don fheadhainn leis a bheil sibh a' conaltradh agus ciamar a mheasas sibh buaidh ur n-obrach. Tha sinn cuideachd airson tuigse fhaighinn air ciamar a dh'ionnsaich sibh bho eòlas obrachadh còmhla ri daoine roimhe seo, agus ciamar a thug na fèin-fhiosrachaidhean sin buaidh air ur dol-a-mach san àm a tha ri teachd.

Co-ionannachdan, Iomadachd agus Ion-ghabhaltachd (EDI)

Faodar barrachd a leughadh mu ar riaghailt EDI **air an làrach-lìn againn.**

Tha sinn airson tuigsinn ciamar a bheir sibh EDI a-steach nur planadh agus a bheil sibh ri dòighean-obrach sònraichte a thaobh EDI nur dèanadas. Is dòcha gur iad cuspairean a bhios agaibh nur dèanadas, buidhnean sònraichte ris am bi ur dèanadas a' dèiligeadh, no taobhan eile den dol-a-mach agaibh ceangailte ri co-ionannachd, iomadachd agus ion-ghabhaltachd. Tha miann againn fios a bhith againn ciamar a thuigeas sibh na bacaidhean a tha ma choinneamh dhaoine a tha ag obair còmhla ribh no a tha ag iarraidh a dhol an sàs nur obair agus ciamar a sgrùdas agus a dh'atharraicheas sibh ur n-obair gus dèiligeadh ris an leithid.

Tha sinn cuideachd airson tuigsinn mar a bhios sibh a' riaghladh ur buidheann gus ur dleastanasan co-ionannachd a choileanadh agus gus taic a thoirt do bharrachd iomadachd agus ion-ghabhail.

Mu dheireadh, mar phàirt den tagradh agaibh faighnichidh sinn am bheil sibh den bheachd gu bheil ur buidheann 'fo stiùir iomadachd'.

'S e 'fo stiùir iomadachd' mìneachadh obrachaidh. Tuigidh sinn nach fhaod aon neach a bhith 'iomadach' agus gun tig am feart 'fo stiùir iomadachd' à farsaingeachd fèin-fhiosrachaidhean agus seallaidhean a gheibhear am measg ceannas ur buidhne. Buinidh ceannas do ur Bòrd, stiùirichean agus/ no sgioba ceannas, a bharrachd air ur n-amas agus buaidh.

Faodaidh 'fo stiùir iomadachd' a bhith a' ciallachadh gu bheil raoin feartan gan dìon agus fèin-fhiosrachaidhean aig a' mhòr-chuid den fheadhainn os cionn ur buidhne. No faodaidh e a bhith a' ciallachadh gur e an sgioba ceannas agaibh muinntir le aon feart ga dìon no fèin-fhiosrachadh le dìth riochdachadh san roinn.

Faodaidh 'fo stiùir iomadachd' a bhith cuideachd a' ciallachadh gu bheil ur dòighean obrach agus prògram gan dèanamh a rèir feumalachdan luchd-obrach, luchd-ealain agus luchd com-pàirteachaidh le na feartan gan dìon agus fèin-fhiosrachaidhean.

Tha na naoi feartan a tha gan dìon agus na naoi taobhan fèin-fhiosrachaidh leis a bheil Alba Chruthachail an sàs gan ainmeachadh anns na **Riaghailtean Maoin EDI**, far a bheil sinn cuideachd ag ainmeachadh Comharran buidhne fo stiùir iomadachd.

Seasmhachd Àrainneachd

Faodar barrachd a leughadh mu ar riaghailt Seasmhachd Àrainneachd **air an làrach-lìn againn**.

Buinidh na ceistean san roinn seo gu sònraichte ri èiginn na gnàth-shìde, agus ar measadh air ur seasmhachd gnìomhachais suidhichte air measadh ur fiosrachadh prògraim agus stiùireadh ionmhais. Sùilichidh sinn gun toir tagraichean prìomhachas do a) obair lùghdachadh eimiseanan (lasachadh) agus b) atharrachadh, smaoineachadh mu ath-leumachd agus freagairt ma choinneamh buaidh cunnartan na gnàth-shìde air ur buidhinn agus ur n-obair.

Tha sinn airson tuigse dè na taobhan mionaideach de ur gnìomhachd a chuireas taic ri slighe 2045 na h-Alba gu cothromachadh-carboin le lùghdachadh ur n-eimiseanan gas taigh-glainne. Is dòcha gum buin cuid de na cuspairean agaibh ri seasmhachd àrainneachd, no gu bheil sibh ag obair ann an dòighean sònraichte gus ur buaidh air an àrainneachd a lùghdachadh. Innsibh mu na dòighean san tug èiginn na gnàth-shìde buaidh air an dòigh san do leasaich sibh ur dèanadas. Tha sinn cuideachd airson faighinn a-mach mar a tha sibh a' toirt a-steach èiginn na gnàth-shìde ann an riaghladh ur buidhne, mar a chumas sibh smachd air buaidh cunnart na gnàth-shìde, agus mar a thathas an dùil ur n-ath-leumachd eagrachaidh atharrachadh agus ullachadh.

Tha sinn cuideachd airson ionnsachadh ciamar a nì sinn cinnteach gum measar an t-atharrachadh gnàth-shìde agus cò air a tha uallach na h-obrach seo nur buidhinn, agus ciamar a mheasar agus a thomhaisear ur n-adhartas a rèir ur prìomhachasan agus amasan.

Obair Chothromach

Faodar barrachd a leughadh mu ar riaghailt Obair Chothromach **air an làrach-lìn againn.**

Iarraidh an earrainn seo oirbh ur seasamh mu Obair Chothromach a mhìneachadh. Tuigidh sinne Obair Chothromach ann an dàimh ri poileasaidh Obrach Cothromaich an Toiseach aig Riaghaltas na h-Alba agus sinn a' beachdachadh air gach taobh den phoileasaidh seo, a' gabhail a-steach urram ann an obair, guth èifeachdach agus cothrom na Fèinne, a bharrachd air tuarastal chothromach. Dh'fhoillsich Alba Chruthachail **Leabhar na h-Obrach Cothromaich do Luchd-fastaidh** – leabhran pragtaigeach a chuidicheas buidhnean prionnsabail obrach cothromaich a chur an sàs.

Tha ùidh againn ciamar a bheachdaicheas sibh air Obair Chothromach a thaobh gach neach leis am bithear ag obair, eadar prìomh luchd-fastaidh agus cuid a bhios ag obair còmhla ruibh air pròiseict gearr-ùine – mar saor-thoilich. Faodaidh sibh innse dhuinn dè na poileasaidhean agus dòighean-obrach a tha agaibh a thaobh Obrach Cothromaich, agus ciamar a dh'innsear an leithid don fheadhainn a bhios ag obair còmhla ribh. Tha sinn ag iarraidh tuigse ciamar a thuigeas an fheadhainn a bhios ag obair còmhla ribh agus ciamar a bhios fios aca dè nì iad ma thèid càil ceàrr. San earrainn seo innsidh sibh dhuinn mar a shuidhicheas sibh ìrean pàighidh don fheadhainn a tha ag obair còmhla ribh, ciamar a dh'fhastas sibh daoine agus mar a nì sibh cinnteach gu bheil ur dòighean fastaidh soilleir. Iarraidh sinn oirbh innse dhuinn ciamar a bheir sibh taic do leasachadh luchd-obrach, comasan agus sgilean – an dà chuid nur buidhinn fhèin agus san roinn chruthachail san fharsaingeachd.

Tha **Stiùireadh Ìrean Pàighidh**, sgrìobhainn a gheibhear bho làrach-lìn Alba Cruthachail, a' trusadh tùsan stiùiridh air riaghailtean gnìomhachais, ìrean pàighidh aonaidhean agus còdan cleachdaidh bho phrìomh bhuidhnean treòrachaidh.

A rèir **Stiùireadh Obrach Cothromaich** Riaghaltas na h-Alba, feumaidh buidhnean a nì tagradh don Mhaoin seo innse gum pàigh iad, bho thoiseach na h-ùine maoinichte, am Fìor Thuarastal Bith-beò don fheadhainn a tha fastaichte gu dìreach, foghlamaichean-ciùird, luchd-obrach 16-17 bliadhna, agus luchd-obrach cùmhnant agus companaidh taobh muigh na buidhne, agus innse gu bheil Guth Èifeachdach an luchd-obrach an sàs sa bhuidhinn.

Eadar-nàiseanta

'S e a tha ann an Eadar-nàiseanta ach riaghailt roghainneil, seach is nach bi rùn aig gach tagraiche obrachadh gu h-eadar-nàiseanta.

Faodar barrachd a leughadh mu ar riaghailt Eadar-nàiseanta **air an làrach-lìn againn.**

Bidh sinn a' sùileachadh gun lìon gach buidheann a bhios ri pròiseactan eadar-nàiseanta ainmichte, an earrainn seo. Tuigidh sinn obair eadar-nàiseanta mar gnìomhachd a ghabhas àite ann an Alba no taobh a-muigh na dùthcha le luchd-ealain, buidhnean, agus/no luchd-amhairc à taobh muigh na RA.

Ma tha sibh a' cur romhaibh obair gu h-eadar-nàiseanta, iarraidh sinne tuigse dè an dèanadas a tha seo, agus dè na h-amasan agaibh don dèanadas seo agus ciamar a chuireas seo ri ur prògram. Tha sinn airson tuigsinn carson a thagh sibh ur dàimhean eadar-nàiseanta, agus dè a' buaidh a bu chòir a bhith aig an obair eadar-nàiseanta – an dà chuid don fheadhainn a ghabhas gnothaich ri ur n-obair, agus don bhuidhinn agaibh. Mu dheireadh, iarraidh sinn tuigse ciamar a fhreagras an dèanadas eadar-nàiseanta seo ri ur n-amasan a thaobh seasmhachd àrainneachd.

Governance and Management

San earrainn seo faighnichidh sinn mu na dòighean riaghlaidh agaibh agus ciamar a stiùirear ur buidheann. Iarraidh sinn gu h-àraidh ur n-eòlas air stiùireadh ionmhais a thuigse, gu h-àraidh ann an seadh ionmhas poblach a stiùireadh. Tha sinn cuideachd airson a bhith a' tuigsinn mar a chuireas sibh romhaibh a bhith ri buidseit san ùine Prògram Maoineachadh Iomabhliadhna. Aig Ceum 1, cha bhi ann an seo ach gearr-iomradh, agus iarraidh sinn oirbh teamplaid buidseit a lìonadh, agus iarraidh sinn fiosrachadh làn bhuidseit fhaicinn bhuaibh mar phàirt de ur Plana Gnìomhachais, ma thèid leibh fhaighinn gu Ceum 2.

Iarraidh sinn cuideachd ur dòigh-obrach a thuigse feuch ciamar a dhèiligeas sibh ri cunnart. Is dòcha nach bi smachd agaibh air cuid de na cunnartan sin, agus bu chòir comas a bhith agaibh iad sin a lùghdachadh – samhail an cunnart a lùghdachadh nach tig daoine gu ur tachartasan, taisbeantasan no taisbeanaidhean. Agus bidh cunnartan ann a lùghdaicheas sibh – leithid pròiseasan èifeachdan slàinte agus sàbhailteachd. Anns gach suidheachadh iarraidh sinne ionnsachadh dè na pròiseasan a chleachdas sibh gus prìomh chunnartan a' phrògram agaibh aithneachadh agus a lùghdachadh, agus ciamar a chumas sibh smachd orra gus nach bi e cho coltach gun tachair iad agus nach toir iad buaidh. A bharrachd air ur dol-a-mach le cunnart aithris aig Ceum 1, iarraidh sinn oirbh fiosrachadh làn aithris cunnart ullachadh mar phàirt de ur plana gnìomhachais, ma thèid leibh fhaighinn gu Ceum 2.

Earrann 6: Pròiseas Co-dhùnaidh

Ceum 1 – Sgrùdadh airson freagarrachd agus iomlanachd

Aon uair is gum faigh sinn ur tagradh Ceum 1, sgrùdar e airson freagarrachd agus iomlanachd. Mura h-eil an tagradh agaibh coileanta, cuirear fios thugaibh agus innsear dhuibh mun fhiosrachadh a tha a dhìth. Bheir sinn 5 là obrach dhuibh airson am fiosrachadh seo a thoirt seachad, air neo measar ur tagradh neo-fhreagarrach. Ma mheasar ur tagradh neo-fhreagarrach cuirear fios thugaibh, innsear na h-adhbharan agus cha tèid ur tagradh càil nas fhaide. Seo am facal deireannach is chan atharraichear e.

Ceum 1 – Measadh

Cuirear gach tagradh iomchaidh gu sgioba measaidh eòlas sònraichte. Nì iad ath-sgrùdadh mionaideach air an tagradh. Aig an ìre seo, tha e comasach fhathast gum measar tagradh neo-fhreagarrach. Ma thachras seo, cuiridh sinn post-d thugaibh agus innsidh sinn dhuibh carson.

Airson a h-uile tagradh iomchaidh, bheir an sgioba measaidh breith air an fhiosrachadh gu lèir a thugadh seachad. Ann an suidhichidhean sònraichte is dòcha gun cur iad fios air tagraiche gus fiosrachadh mionaideach nach eil soilleir a dhearbhadh/shoillearachadh. Cha bhuin seo do fhiosrachadh ùr no a bharrachd, agus chan fhaigh an tagraiche air tuilleadh fiosrachaidh a thoirt seachad aig an ìre seo. ‘S e gnothaich an tagraiche dearbhadh gu bheil am fiosrachadh gu lèir a bheirear seachad soilleir, fìor agus ceart. Tha e buailteach gum measar tagraidhean nach ruig an inbhe seo mar neo-shoirbheachail.

Measar gach tagradh a rèir nan riaghailtean agus feumaidh gach tagradh buil sònraichte a ruighinn mu choinneamh gach riaghailt gus an tèid e air adhart.

Comharraichear freagairtean le 0-4 mar a leanas.

0. Glè bheag fianais de fhreagairt air riaghailt ma bha i idir ann.
 1. Fianais lag de fhreagairt air riaghailt.
 2. Na h-uimhir fianais de fhreagairt air riaghailt.
 3. Fianais mhath de fhreagairt air riaghailt.
 4. Fianais sàr-mhath de fhreagairt air riaghailt.

Feumaidh tagraichean co-dhiù 3 fhaighinn an aghaidh gach cuid Riaghailtean ‘Càileachd is Miann-adhartais’ agus ‘Conaltradh’ agus feumaidh iad cuideachd co-dhiù 2 fhaighinn mu choinneamh gach Slat-tomhais crìochnaichte eile airson a dhol air adhart gu ìre Lèirmheas Pasgan. Cha tig buannachd no bacadh sònraichte mar thoradh air roghainn freagairt a thoirt don Slat-tomhais roghnach Eadar-nàiseanta – ged a thathas an dùil gun lion tagraichean le rùn obair gu h-eadar-nàiseanta an earrann seo.

Thèid na tagraidhean gu lèir tro phròiseas gus dèanamh cinnteach de chunbhalachd agus nithear na measaidhean fa leth nan liosta de mholaidhean. Thèid an liosta tro shreath de choinneamhan Ath-sgrùdadh Pasgain gus dèanamh cinnteach gu bheil an liosta a thèid air adhart do Cheum 2 a’ toirt feart air riochdachadh nàiseanta, sgaoileadh agus iomadachd gnìomhachd dan toirear taic. Cuirear an uair sin am pasgan Ceum 1 a mholar gu Bòrd Alba Chruthachail airson breithneachadh dheireannaich agus co-dhùnaidhean.

Adhartas gu Ceum 2

Tagraichean soirbheachail

Gheibh tagraichean soirbheachail Ceum 1 fios le post-d agus gheibh iad fiachadh an tagradh Ceum 2 ullachadh. Gheibh an fheadhainn a thèid air adhart stiùireadh a bharrachd mu Cheum 2 mus fhosgail Ceum 2 airson tagraidhean.

Tagraichean neo-shoirbheachail

Mura soirbhich leibh nur tagradh Ceum 1, gheibh sibh fios tro phost-d. Innsidh sinn na h-adhbhairean airson seo, agus gheibh sibh clàr de ur n-aithris measaidh, ach cha gheall sinn còmhradh mionaideach mu thagraidhean fa leth air sgàth uimhir dhiubh is a tha ann.

Is dòcha gum bi cothroman aig buidhnean nach soirbhich nan tagradh ris a’ Phrògram Maoineachadh Ioma-bhliadhna, cur a-steach airson taic tro sheanailean maoineachaidh eile aig Alba Chruthachail. Far am gabh a dhèanamh, nochdaidh sinn cothroman sam bith eile a dh’fhaodadh a bhith ann.

Maoin Eadar-ama do thagraichean neo-shoirbheachail

Dh’fhaodadh gum bi taic eadar-ama ann, far am bi e iomchaidh, do chuid de bhuidhnean a tha an-dràsta a’ faighinn ath-mhaoineachadh bho Alba Chruthachail ach nach do soirbhich ionmhas fhaighinn tron Phrògram Ioma-bhliadhna. Bhiodh taic ionmhais sam bith an urra ri am faighear airgead agus bhiodh i na pàirt de chuideachadh le buidhnean planadh airson cruth-atharrachadh no ath-thaobhadh a chuidicheadh le seasmhachd san àm ri teachd.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu thaic eadar-ama nuair a dh’innsear mu na co-dhùnaidhean.

Earrann 7: Tagraidhean Ceum 2 – dè a-nis agus cò ris a bu chòir sùil a bhith

Ma thèid leibh aig Ceum 1, cuiridh sinn fios thugaibh sa Ghearran 2024 agus iarraidh sinn oirbh tagradh Ceum 2 a dhèanamh. Bheir sinn stiùireadh a bharrachd aig an ìre seo gur cuideachadh ur tagradh Ceum 2 a dhèanamh. Nithear tagraidhean Ceum 2 tron dearbh làrach is a chleachdar airson Ceum 1.

Aig Ceum 2 iarraidh sinn Plana Gnìomhachais bhuaibh a dhèiligeas ris an ùine obair a chuireas sibh romhaibh, agus bidh agaibh ri sreath de cheistean a fhreagairt a chomharraicheas fianais shònraichte nur Plana Gnìomhachais a thaobh nan gealladh a sgrìobh sibh aig Ceum 1. Dh'fhoillsich sinn stiùireadh mu phlana gnìomhachais a sgrìobhadh agus gheibhear e **air ar làrach-linn**.

Ann an Ceum 2 sgrùdaidh sinn ur Plana Gnìomhachais ann am barrachd doimhneachd feuch ciamar a bheir sibh na geallaidhean a thug sibh seachad ann an Ceum 1 gu buil. Bidh na ceistean agus am pròiseas measaidh stèidhichte air na h-aon riaghailtean ri Ceum 1, ach ann an Ceum 2 bidh sinn ag iarraidh fianais a nochdas gun gabh an obair a tha sibh a' moladh a choileanadh agus gum bi duais sam bith a gheibh sibh a rèir nam buil a tha sibh ri moladh. Is dòcha gum faigh sibh duais nas motha no nas lugha aig Ceum 2 na an t-suim a mhol sibh, no nach fhaigh sibh duais ann, oir bidh farpais mhòr fhathast ann an Ceum 2.

Tha am Prògram Maoineachaidh Ioma-bhliadhna a' tòiseachadh aig àm nuair a tha mòran mì-chinnt mun cuairt air buidseatan san àm ri teachd agus tha sinn a' dol dhan phròiseas agus fios gum bi mòran farpais ann, agus gum feum sinn fiosrachadh gu leòr gus co-dhùnaidhean fiosraichte a ruighinn. Saoilidh sinn gum faighear mòran a bharrachd thagraidhean a tha airidh air taic na bhios nar comas maoineachadh. Chan fhaighnich sinn càil nach buin don phròiseas co-dhùnaidh.

Earrann 8: Saorsa Fiosrachaidh

Tha rùn aig Alba Chruthachail a bhith cho fosgailte 's a ghabhas. Saoilidh sinn gu bheil còir fios a bhith aig a' phoball ciamar a chosgais sinn ionmhas poblach agus a nì sinn co-dhùnaidhean a thaobh maoineachaidh. Chìthear mion-fhiosrachadh de ar dèiligeadh ri FOI **air an làraich-lin againn**.

Tha sinn air ar clàradh mar ùghdarras poblach fo Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002. A rèir an lagha, dh'fhaodamaid na sgrìobhainnean iarrtais agaibh agus fiosrachadh mun mheasadh againn a thoirt dha ball sam bith den phobaill a dh'iarras am faicinn fo Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002. Chan fhaod sinn na pàirtean sin de na sgrìobhainnean a tha fo raon aon no barrachd de na saoraidhean fon Achd fhoillseachadh. Faicibh an làrach-lin Saorsa an Fhiosrachaidh aig **www.itspublicknowledge.info** airson fios mun Achd san fharsaingeachd agus na saoraidhean. Chan fhoillsich sinn fiosrachadh sam bith mu dheidhinn iarrtasan aig àm a' mheasaidh, oir faodaidh seo buntainn ris a' phròiseas co-dhùnaidh.

Earrann 9: Dion Dàta

Feumaidh Alba Chruthachail beagan fiosrachaidh phearsanta mur deidhinn/mu dheidhinn ur buidhne gus beachdachadh air ur tagradh airson maoinreachaidh. Às aonais an fhiosrachaidh cha tèid aig Alba Chruthachail air ur tagradh a thoirt air adhart.

Nam bu mhath leibh coimhead air mion-chunntas dhen fhiosrachadh phearsanta a dh'fheumas sinn, carson a dh'fheumar e, agus dè nì sinn leis an fhiosrachadh sin agus dè cho fada 's a ghlèidheas sinn e, thoiribh sùil air ar Brath Priobhaideachd, ri fhaighinn air-loidhne www.creativescotland.com/privacy-policy.

Faodaidh Alba Chruthachail ur fiosrachadh pearsanta a cho-roinn le treas-phàrtaidhean gus gèilleadh ris an lagh agus/no airson com-pàirtean laghail againn agus/no aig na treas-phàrtaidhean sin.

Far am buin am fiosrachadh pearsanta a thugadh dha Alba Chruthachail do chàch, thoiribh sùil air a' Bhrath Phriobhaideachd aig Alba Chruthachail. Dèanaibh cinnteach an Sanas Priobhaideachd seo agus am Brath Priobhaideachd aig Alba Chruthachail a cho-roinn leis an duine/na daoine seo.

Tha còraichean agaibh a thaobh an fhiosrachaidh phearsanta a tha aig Alba Chruthachail mur deidhinn fo lagh dìon dàta. Tha fiosrachadh air mar a chleachdar na còraichean seo nar Poileasaidh Priobhaideachd no faodar fios a chur dhan **Oifigear Dìon Dàta** againn.

Ma tha draghan oirbh a thaobh mar a làimhsich Alba Chruthachail ur fiosrachadh pearsanta, bu chòir dhuibh fios a chur gu Oifigear Dìon an Dàta againn sa chiad dol a-mach, oir chuireamaid fàilte air a' chothrom obair còmhla ribh gus gearan sam bith a rèiteachadh. Ma thathas fhathast mì-riarachichte, faodar gearan a chur gu **Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh**.

Earrann 10: Riaghladh thabhartasan

Mar bhuidheann poblach feumaidh Alba Chruthachail cumail ris na riaghailtean smachd taic-airgid ann an Achd Rianachd Taic-airgid 2022 agus Aonta Malairt is Co-obrachaidh eadar Riaghaltas na RA agus an Aonadh Eòrpach. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh aig **the UK subsidy control regime GOV.UK**.

Bidh uallach air neach sam bith a gheibh duais tron mhaoin seo aithneachadh gun tig an taic-airgid às an sporan poblach agus innse gu bheil an taic a fhuireadh a rèir nan riaghailtean Smachd air Taic-airgid.

Far am bi e iomchaidh, feumaidh an neach a gheibh aontachadh gum foillsich Alba Chruthachail fiosrachadh mun tabhartas agus gun cùm an neach-gabhail leabhraichean an ìre mhath mionaideach gus nochdadh gu bheileas a rèir riaghailtean Smachd air Taic-airgid agus gun toir iad seachad na leabhraichean sin do Alba Chruthachail ma thig iartas reusanta. Mas e is gum measar mar bhriseadh air riaghailtean Smachd air Taic-airgid, is dòcha gum feum an neach-gabhail an tabhartas gu lèir a phàigheadh air ais (agus ionmhas dligheach sam bith eile) sa bhad.

Earrann 11: Dìon/Urram san Obair

Dìon

Canar “Dìon” ri cleachdaidhean a shuidhicheas sibh gus am bithear cinnteach gu bheil an fheadhainn leis a bheil sibh ag obair, mar com-pàirtichean no luchd-obrach, gan dìon bho chionn, droch-dhiol agus dubh-shaothrachadh. Dh’ullachadh Alba Chruthachail stiùireadh mu dhìon nuair a bhitear ag obair còmhla ri cloinne, òigridh no inbhich so-leònta, an dà chuid gu pearsanta agus air-loidhne – gheibhear seo **air ar làrach-lìn: A’ Cruthachadh Sàbhailteachd**

Ma bhios sibh ri obair sam bith le cloinn, daoine òga no inbhich so-leònte (gu pearsanta no air-loidhne), bu chòir poileasaidh dìon a bhith agaibh, agus mholadh sinn gus comhairle eòlaiche a ghabhail a thaobh seo – faodaidh ar stiùireadh Cruthachadh Sàbhailteachd cuideachadh, agus tha stiùireadh aig buidhnean eile leithid an NSPCC cuideachd do dhaoine fa leth a ri seo.

Bu chòir buidhnean a thagras airson obair cloinne, daoine òga no inbhich so-leònte dèanamh cinnteach gu bheil an fheadhainn a bhios an sàs nam buill den sgeama PVG a ruithear le Disclosure Scotland.

Urram san Obair

Tha gach neach a bhios ag obair ann an roinnean cruthachail agus cultarach na Alba airidh air urram agus spèis, ged a bu neach-fastaidh, neach-obrach neo-cheangailte, cunnradair, ball Bùird no saor-thoileach iad. Chan fhuing Alba Chruthachail burraidheachd, sàrachadh no dìmeas ann an suidheachadh sam bith, agus thathas a’ sùileachadh an dearbh nì bho bhuidhinn sam bith dan toir sinne airgead poblach.

Bu chòir dhaibhsan a nì tagradh dha obair a dh’fhastas daoine eile dèanamh cinnteach gu bheil riaghailtean dìon freagarrach aca gus am bith urram aig daoine nan obair, a’ gabhail a-steach dòighean-obrach gus na cleachdaidhean as fheàrr a bhith ann a thaobh leithid co-ionannachd agus iomadachd, sàrachadh agus burraidheachd, smachd agus innse mu thrioblaidean.

Dh’ullaich Alba Chruthachail stiùireadh dè tha sinne a’ ciallachadh le urram san obair, agus na tha sinne a’ sùileachadh bhon fheadhainn dan toir sinn airgead. Leughaidh sibh seo **air ar làrach-lìn: Urram san Obair**.

‘S e ar prìomh dleastanas maoin a bhuileachadh, chan bhuin uallach rianachd dhuinn. Ge-tà, tha dùil againn gun gabh feadhainn a gheibh airgead gu ceart rin cuid uallach mu dhìon agus urram san obair agus iad a’ faighinn airgead poblach, dh’adhbharaicheadh easbaidh a thaobh seo stad air pàigheadh no taicean airgid gan toirt air ais.

Earrann 12: Gearanan

Mar bhuidheann, èistidh Alba Chruthachail agus bheir sinn freagairt daonnan do dhraghan sam bith a dh'fhaodadh a bhith oirbh. Nam bu toigh leibh gearan a thogail mun t-seirbheis a fhuair sibh bho Alba Chruthachail no an dòigh san do dhèilig sinn ri ur n-iartas, tha pròiseas againn as urrainn dhuibh cleachdadh.

Thoiribh an aire nach eil pròiseas ath-thagraidh aig Alba Chruthachail, agus air an adhbhar seo, chan urrainn dhuinn gabhail ri gearanan a tha co-cheangailte ris a' cho-dhùnadh a-mhàin seach gearanan a tha co-cheangailte ri ciamar a rinn sinn an co-dhùnadh.

Airson tuilleadh fiosrachaidh, rachaibh gu earrann nan Gearanan air ar làrach-lìn: [Làimhseachadh gearanan | Alba Chruthachail](#)

Eàrr-ràdh 1 – Dè dh'fhaighnicheas sinn dhuibh ann am pròiseas tagraidh Ceum 1

Ceum 1 - MO cheistean

Innsidh am fiosrachadh a leanas mu na ceistean a chuireas sinn aig Ceum 1. Tha sinn gan innse an seo gus an ullach tagraichean an tagraidhean mus fhosgail an làrach tagraidh air-loidhne san t-Sultain. Bidh crìoch uachdrach de mu 500 facal aig gach ceist.

Cuspair	Ceist:	Na tha sinn airson tuigsinn aig Ceum 1:
---------	--------	---

CEISTEAN CÀILEACHD AGUS MIANN ADHARTAIS

Adhbhar agus Amasan	Thoiribh iomradh air amasan ur buidhne, an co-theacsa sam bheil sibh ri obair agus na builean a tha sibh ag iarraidh bho ur cuid obrach.	An do nochd an tagraiche tuigse soilleir mun cheann-uidhe agus na tha iad airson coileanadh?
Ur prògram	Innsidh dhuinn mu phrògram gnìomhachd ur tagraidh (le feart air an iomradh phrògraim a luchdaich sibh). Ciamar a nì e buannachd phoblach?	Dè cho math is a thuigeas an tagraiche an àite a thaobh buannachd phoblach a dhèanamh do mhuinntir na h-Alba tro am prògram obrach?
Ullachadh bheachdan	Ciamar a thogas sibh àrainneachd a chruthaicheas agus a leasaicheas ur gnìomhachd agus gus dòighean obrach innleachdail fheuchainn?	Dè cho math is a thuigeas an tagraiche ciamar a thogar àrainneachd a chruthaicheas gnìomhachd agus gus dòighean obrach innleachdail fheuchainn?

CEISTEAN CONALTRAIDH

Cò	Cò leis a bhios sibh a' conaltradh tron phrògram obrach agaibh agus ciamar a bhuineas ur n-obrach ri an cuid feuman agus ùidhean?	Dè cho math is a thuigeas an tagraiche feuman agus/no ùidhean an fheadhainn ris am biodh iad a' conaltradh tron cuid obrach?
Ciamar	Ciamar a nì sibh cinnteach gun robhas ri conaltradh gu h-èifeachdach tro ur prògram?	Ciamar a dh'aithnicheas an tagraiche gun do mheudaich am prògram gnìomhachd an comas airson conaltradh èifeachdach.
Buaidh	Innsibh dhuinn mun luach a bheir ur n-obair do dhaoine fa leth, buidhnean agus coimhearsnachdan.	Dè cho math agus a thuigeas an tagraiche an luach a bheir an obair do dhaoine fa leth, buidhnean agus coimhearsnachdan.

CEISTEAN CO-IONANNACHDAN, IOMADACHD AGUS ION-GHABHALTACHD (EDI)

Planadh airson EDI	Dè na h-amasan a tha agaibh a thaobh co-ionannachdan, iomadachd agus ion-ghabhalachd, agus ciamar a bheir sibh gu buil iad?	A bheil amasan agus cinn-uidhe soilleir aig an tagraiche a thaobh co-ionannachdan, iomadachd agus ion-ghabhalachd, agus a bheil planaichean freagarrach aca gus an toirt gu buil?
Ion-ghabhalachd a stèidheachadh	Ciamar a bheir sibh ion-ghabhalachd agus ruigsinneachd nur prògram?	A bheil planaichean soilleir aig a' bhuidhinn a thaobh ion-ghabhalachd agus ruigsinneachd agus a bheileas dealasach an obair san raoin seo a thoirt air adhart?
Dleastanasan co-ionannachd	Ciamar a chuireas ur dealas do cho-ionannachdan, iomadachd agus ion-ghabhalachd ris an dòigh san stiùir sibh ur buidheann a thaobh raointean leithid fastadh, trèanadh no ionmhas?	Dè cho math is a nochdas an tagraiche dealas do EDI nan cleachdaidhean stiùiridh a thaobh raointean leithid fastadh, leasachadh is trèanadh luchd-obrach, agus planaichean ionmhais?

CEISTEAN SEASMHACHD ÀRAINNEACHD

Gnìomhan a dh'ionnsaigh cothromachadh-carboin	Ciamar a tha sibh a' cur romhaibh eimiseanan carboin a lùghdachadh a rèir slighe na h-Alba gu cothromachadh carbon?	Dè cho math agus a nochdas an tagraiche tuigse mun dleastanas eimiseanan gasaichean taigh-gloinne a lùghdachadh a rèir na slighe gu cothromachadh-carboin ro 2045 no amasan soilleir a chur an sàs?
Seasmhachd nur prògram	Ciamar a bheachdaichear air èiginn na gnàth-shìde nur prògram agus sna dòighean san toirear seachad e?	Dè cho math agus a nochdas an tagraiche tuigse a thaobh mar a ghabhas seasmhachd àrainneachd a nochdadh nam prògram?
Atharrachadh agus lasachadh	Ciamar a làimhsicheas sibh buaidh èiginn na gnàth-shìde air ur buidhinn gus am bithear cinnteach de sheasmhachd san ùine fhada?	Dè cho math is a bheir an tagraiche iomradh air na gnìomhan a tha nan rùn a ghabhail gus atharrachadh agus lasachadh ma choinneamh buaidh atharrachadh na gnàth-shìde?

CEISTEAN OBRACH COTHROMAICH

Prionnsabalan na h-Obrach Cothromaich (urram, cothrom, guth èifeachdach, tèarainteachd agus riarachas)	Dè na geallaidhean a thaobh Obrach Cothromaich a stèidhicheas sibh nur poileasaidhean agus pròiseasan agus ciamar a chuirear an cèill iad taobh a-staigh ur buidhne agus ris na daoine leis am bi sibh ag obair?	Dè cho math is a tha a' bhuidheann a' planadh prionnsabalan Obrach Cothromaich a chur an sàs?
Obair Chothromach nur prògram	Ciamar a nochdas agus a chuireas sibh taic ri prionnsabalan Obrach Cothromaich nur prògram?	Dè cho math is a nochdas an tagraiche an tuigse dè a tha a dhìth gus prionnsabalan Obrach Cothromaich a stèidheachadh nam prògram?
Leasachadh feachd-obrach	Ciamar a bheir ur buidheann taic do leasachadh feachd-obrach, sgilean agus ceannas?	Dè cho math is a nochdas an tagraiche tuigse soilleir den dleastanas leasachadh luchd-obrach ann an dòigh a fhreagras air meud na buidhne aca?

Mar phàirt de dh'earrainn na h-Obrach Cothromaich, iarraidh sinn oirbh innse gu bheil dùil agaibh co-dhiù am fìor Thuarastail Bith-beò a thoirt do luchd-obrach is gu bheil Guth Eifeachdail do luchd-obrach an sàs nur buidhinn.

CEISTEAN EADAR-NÀISEANTA

Obair Eadar-nàiseanta	Innsibh dhuinn mu ur planaichean agus adhbhar airson obair eadar-nàiseanta agus mar a chuireas i ri ur prògram?	Dè cho math is a chuireas an tagraiche an cèill am planaichean agus adhbhar airson obair eadar-nàiseanta nam prògram?
Buaidh Eadar-nàiseanta	Dè a' bhuidh a bhios aig ur gnìomhachd eadar-nàiseanta dhuibh fhèin, agus ur com-pàirtichean eadar-nàiseanta, agus ciamar a thomhaiseas sibh seo?	Dè cho math is a thuigeas an tagraiche buannachdan obair gu h-eadar-nàiseanta don bhuidhinn is don com-pàirtichean, agus ciamar a nochdar seo?
Lasachadh	An do bheachdaich sibh air ur geallaidhean do sheasmhachd àrainneachd a thaobh ur n-obrach eadar-nàiseanta a phlanadh?	Dè cho math is a thuigeas an tagraiche an cothromachadh a tha a dhìth a thaobh lasachadh buaidh àrainneachd an cuid obrach eadar-nàiseanta?

CEISTEAN RIAGHLAIDH AGUS STIÙIRIDH

Riaghladh	Dè na modhan riaghlaidh a tha aig ur buidhinn, agus carson a tha iad freagarrach?	A bheil modhan riaghlaidh na buidhne soilleir agus freagarrach do mheud agus farsaingeachd a' phrògram a tha a' bhuidheann a' moladh?
Stiùireadh obrachaidh	Ciamar a nì ur buidheann cinnteach gu bheil ur structaran taobh a staigh airson stiùireadh ionmhais agus obrachaidh a cur taic ri ur n-amasan?	An do nochd an tagraiche tuigse soilleir air cudromachd stiùiridh èifeachdaich air ionmhas agus obrachadh gus taic a chur ris a phrògram obrach a mholar?
Cunnart	Ciamar a chomharraicheas agus a dhèiligeas ur buidheann ri cunnart?	An do nochd an tagraiche tuigse soilleir air cudromachd comharrachadh agus dèiligeadh ri cunnart?

Tuairmse Buidseit

Mar phàirt de phròiseas tagraidh Ceum 1 iarraidh sinn oirbh na h-uimhir fiosrachaidh tuairmse buidseit a thoir seachad. Bu chòir don tuairmse bhuidseit seo gu leòr mion-fhiosrachadh a thoirt dhuinn gus structar ur prògram a thuigsinn agus na goireasan a bhios a dhìth gus a thoirt gu buil. Ma thèid leibh aig Ceum 1, bidh sinn a' sùileachadh buidseit le barrachd mion-fhiosrachadh fhaicinn sa Phlana Gnìomhachais a bheir sibh dhuinn aig Ceum 2.

Iarraidh sinn oirbh tuairmse den fhiosrachadh buidseit a leanas a thoirt dhuinn airson na bliadhna ionmhais 2025/26.

Teachd a-steach

- Ceangailte ri gnìomhachd/prògram (leithid tiocaid, dol a-steach, clasaichean, ballrachd)
- Ceangailte ri nithean nach gnìomhachd/prògram (leithid bùth, biadh, òsdachd, màl)
- Maoineachadh Ioma-bhliadhna Alba Chruthachail
- Stuthan eile bho Alba Chruthachail
- Ùghdarras Ionadail
- Faochadh Chìsean nan Gnìomhachas Cruthachail*
- Gnothaichean Poblach eile
- Priobhaideach: Tabhartasan, Tiodhlacan agus Dìleaban
- Urrasan agus Bunaitean
- Eile

*** Gheibhear faochadh chìsean do chompanaidhean buntainneach a tha an lùib riochdachadh agus leasachadh na leanas: Dealbhan-cluiche, cuirmean foireann-ciùil, taisbeanaidhean taigh-tasgaidh no gailearaidh, geamaichean bhidio, filmichean, telebhisean de dh'àrd-inbhe, telebhisean cloinne, telebhisean beò-dhealbhadh**

Cosgaisean

- Prògram Ealain/Cruthachail
- Rianachd
- Togalach (ach chan e Gas/Ola/Dealán)
- Gas/Ola/Dealán
- Margaidheachd agus Conaltradh
- Eile

Dreachd Phrògraim

Gus an tuig sinn ur freagairtean do na ceistean gu h-àrd nas fheàrr, iarraidh sinn oirbh dreachd phrògraim a luchdachadh suas son na h-ùine 1 Gearran 2025 – 31 Màrt 2028.

Bu chòir don dreachd seo gu leòr mion-fhiosrachadh a thoirt dhuinn gus structar ur prògraim agus na goireasan a bhios a dhìth gus a thoirt gu buil a thuigsinn. Chan fheumar ainmean no cinn-là sònraichte ainmeachadh, ach bu chòir dreachd structair a bhith na lùib, leithid ‘Bliadhna 1: 3 taisbeanaidhean, agus prògram tachartasan le 6 òraidean agus 6 taisbeantasan etc.’ Cha mheas sinn susbaint ur prògraim aig an ìre seo, bithear dìreach a’ beachdachadh air farsaingeachd ur n-obrach ann an dàimh ri na freagairtean a thug sibh do cheistean eile.



ALBA | CHRUTHACHAIL

Waverley Gate
2-4 Waterloo Place
Edinburgh EH1 3EG
Scotland UK

The Lighthouse
Mitchell Lane
Glasgow G1 3NU
Scotland UK

www.creativescotland.com
enquiries@creativescotland.com



An Lùnastal 2023